

Comataidh Lèirsinn

22/5/23 1100-1230

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Marion Nic na Ceàrdaich (sa Chathair) Rhoda NicDhòmhnaill
Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Ealasaid Dhòmhnallach [EMD] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

Chur Cathraiche na Comataidh fàilte air buill chun chiad choinneamh.

1. Leisgeulan

1.1 Lisa Annette.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Stèidheachadh

3.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta air Dleastanas, Ballrachd agus Clàr-obrach airson na bliadhna air thoiseach.

3.2 Bha aonta ann gum biodh e na b' fheàrr nam biodh dleastanas "net zero" air a' Bhòrd iomlan agus gu robh feum dòigh aithris stèidhichte air Lèirsinn a lorg mar inneal airson obair na Comataidh seo.

3.3 **Co-dhùnadh:** chaidh Dleastanas aontachadh le "net zero" air a thogail às, chaidh Ballrachd aontachadh agus chaidh Clàr-obrach aontachadh le atharraichean beaga.

3.4 **Gnìomh:** 1) thèid dòigh aithris a lorg mar 3.2 gu h-àrd (DC); 2) thèid dleastanas na Comataidh a chur air làrach-lin na buidhne agus 3) thèid am plana-obrachadh airson 2023/24 atharrachadh agus ath-chuairteachadh air buill. (MAMI)

4. Aithisg HR 22/23

4.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air cùisean HR na bliadhna 2022/23.

- 4.2 Chaidh deasbad a chumail mu chùmhnannt HR na buidhne agus an robh buannachd ann cuideigin a bhith air am fastadh in-thaigh. Chaidh innse gu robhas mu thràth air beachdachadh air a’ cheist tha seo agus gu robh faireachdainn ann gu robh maith ann an neach os cionn HR a bhith fa leth bhon bhuidheann.
- 4.3 **Co-dhùnadh:** thèid beachdachadh air mar a thathas a’ manaidseadh tàlant taobh a-staigh na buidhne.
- 4.4 **Gnìomh:** thig seo air beulaibh na Comataidh as t-Fhoghair. (DC)

5. Luchd-obrach agus Planadh Leantainneach

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ comharrachadh gu bheil MG ALBA a’ gluasad air adhart le neartachadh chomasan agus sgilean a bhios riatanach ma tha MG ALBA gu bhith soirbheachail san àm ri teachd.
- 5.2 Bha aithne aig a’ Chomataidh gu robh an obair seo a’ toirt ùine far an Sgioba Àrd-stiùiridh, gu h-àraid an t-Àrd-Oifigear.
- 5.3 Chaidh innse gu robhas a’ dol a-mach gu fastadh airson dreuchd Ceannard Didseatach sna làithean air thoiseachd agus gu robhas cuideachd a’ coimhead ri dreuchd ceannardais air Dàta a chruthachadh. San dà dhreuchd seo, bithear a’ lorg cuideigin le Gàidhlig ach sùil dha chumail air na sgilean ceart a bhith aig an neach.
- 5.4 Chaith aithneachadh gu faodar an dreuchd seo a lìonadh bhon taobh a-muigh, seach neach-obrach fhastadh.
- 5.5 Chaidh innse gu bheileas a’ coimhead ri TikTok; Càrn; FilmG; Ionnsachadh; Community Content Partnerships; planaichean air luchd-obrach ùine a chur seachad ann an roinnean eile den ghnìomhachas no le com-pàirtichean; seachdain-obrach 4-là.
- 5.6 **Gnìomh:** 1) thèid tuairisgeulan obrach airson Ceannard Didseatach agus *Community Content Partnerships* a chuirteachadh air buill na Comataidh agus 2) thèid am plana a chur fa chomhair a’ Bhùird san Ògmhios. (DC)

6. GISBE

- 6.1 Cha robh gin.

7. **Deit na h-ath choinneimh** – thèid deitichean airson a’ chòrr den bhliadhna a chuirteachadh air buill. (MAMI)

Ainm sgrìobhte a’ chathraiche:

Deit: